

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Seanadh Whitby (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot. This is Litir 1,180. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 876 corresponds to Litir 1,180.

An t-seachdain sa chaidh, bha mi ag innse dhuibh mu Naomh Fìonan. Bha e na Easbaig ann an Lindisfarne. Bha mi cuideachd ag innse dhuibh mu Sheanadh Whitby ann an sia ceud, seasgad 's a ceithir (664). Bha sin air a chumail airson co-dhùnadh a dhèanamh air cuin dìreach a bhiodh an Eaglais a' cumail fèill na Càisge.

Tha cuid dhen bheachd gun deach an seanadh sin a chur dheth gu às dèidh bàs Fhìonain. Carson? Uill, bha Fìonan gu tur an aghaidh a' Chàisg atharrachadh.

An-diugh, tha mi airson sùil a thoirt air Seanadh Whitby fhèin agus ceann-latha na Càisge. Bha an co-dhùnadh **a rinneadh** ann an Whitby cudromach ann an eachdraidh na h-Eaglaise agus ann an eachdraidh Shasainn 's na h-Alba.

Anns an t-seachdamh linn, bha muinntir Northumbria a' gabhail ris a' chreideamh Chrìosdail mean air mhean. Bha miseanaraidhean air a dhol ann **a bhuineadh do dhà dhiofar 'sgoil'**. Air an dàrna làimh, bha feadhainn ann a bha dìleas do chleachdaidhean na Ròimhe. Air an làimh eile, bha na Ceiltich – na Gàidheil – le ceanglaichean do dh'Eilean Ì. Bha iadsan dìleas do na cleachdaidhean anns na h-eaglaisean co-cheangailte ri Ì ann an Alba agus Èirinn.

B' e an diofar a bu mhotha a bh' ann eadar an dà sgoil an latha a bh' air a chomharrachadh mar a' Chàisg – Didòmhnaich na Ceusta. Airson seo a mhìneachadh, tha mi airson a dhol don t-Soisgeul aig Eòin anns a' Bhìoball. Ann an Eòin Caibideil 19 tha Pileat air Ìosa a chur an grèim. Tha e a' dol ga shaoradh ach tha na ceannardan Iùdhach ag iarraidh air Ìosa a cheusadh. 'S e ceusadh a thachair.

Ann an rann ceithir-deug tha seo: *Agus b' e latha ullachaidh na Càisge e, agus mu thimcheall na siathamh uaire.* Tha sin a' ciallachadh mu mheadhan-latha oir bhathar a' cunntadh nan uairean bho shia uairean sa mhadainn nuair a bhiodh na manaich ag èirigh. Ach dè thathar a' ciallachadh le *latha ullachaidh na Càisge*?

Anns na dreachan Beurla dhen Bhìoball, thathar ga eadar-theangachadh mar *'the day of preparation of the Passover'*. Tha na faclan *Passover*, *Paschal* agus *Càisg* uile ceangailte ri chèile. Ann an Gàidhlig 's e 'Càisg nan Iùdhach' a chanas sinn airson *Passover*. Bha daoine a' comharrachadh latha-ceusaidh Ìosa a rèir fèill Iùdhach. Agus bha na h-Iùdhaich a' tomhas cuin a bhiodh sin ann a rèir staid na gealaich.

Ann am mìosachan nan Iùdhach, bidh gach mìos a' tòiseachadh leis a' ghealaich ùir. Ceala-deug an dèidh sin bidh a' ghealach làn. Bidh Càisg nan Iùdhach a' tòiseachadh air latha na gealaich làn anns a' chiad mhìos dhen Earrach. Canaidh na h-Iùdhaich 'Nisan' ris a' mhìos sin.

Cha robh na Crìosdaidhean ag iarraidh a' Chàisg a chomharrachadh air an aon latha ri Càisg nan Iùdhach. Agus bha iad airson 's gum biodh i an-còmhnaidh air Didòmhnaich. Mar sin, aig Nicaea, baile Greugach faisg air Constantinople, bha co-labhairt air a cumail anns a' bhliadhna trì cheud, fichead 's a còig (325). Rinn na h-easbaigean co-dhùnadh air cuin dìreach a bhiodh a' Chàisg air a cumail. An ath thuras, chì sinn dè an co-dhùnadh a bh' aca, agus chì sinn dè thachair aig Seanadh Whitby.

* * * * *

Faclan na Litreach: Naomh Fìonan: *Saint Finan*; Seanadh Whitby: *The Synod of Whitby*; Didòmhnaich na Ceusta: *Easter Sunday [Sunday of the Crucifixion]*; Càisg nan Iùdhach: *Passover*; co-labhairt: *conference*; baile Greugach: *a Greek town*.

Abairtean na Litreach: Bha e na Easbaig ann an Lindisfarne: *he was a Bishop in Lindisfarne*; bha sin air a chumail airson co-dhùnadh a dhèanamh air cuin dìreach a bhiodh an Eaglais a' cumail fèill na Càisge: *that was held to make a decision on when exactly the Church would celebrate the feast of Easter*; gun deach an seanadh sin a chur dheth gu às dèidh bàs Fhìonain: *that that synod was postponed until after the death of Finan*; gu tur an aghaidh: *completely against*; bha muinntir Northumbria a' gabhail ris a' chreideamh Chrìosdail mean air mhean: *the people of Northumbria were gradually accepting the Christian religion*; dìleas do chleachdaidhean na Ròimhe: *loyal to Roman practices*; anns na h-eaglaisean co-cheangailte ri Ì: *in the churches connected to Iona*; tha mi airson a dhol don t-Soisgeul aig Eòin anns a' Bhìoball: *I want to go to the Gospel of John in the Bible*; ann an Eòin Caibideil 19 tha Pileat air Ìosa a chur an grèim: *in John Chapter 19 Pilate has arrested Jesus*; tha na ceannardan Iùdhach ag iarraidh air Ìosa a cheusadh: *the Jewish leaders want him to crucify Jesus*; bha daoine a' comharrachadh latha ceusaidh Ìosa a rèir fèill Iùdhach: *people were marking the day of Jesus's crucifixion according to a Jewish festival*; a rèir staid na gealaich: *according to the state of the moon*; bidh gach mìos a' tòiseachadh leis a' ghealaich ùir: *every month starts with a new moon*; ceala-deug an dèidh sin bidh a' ghealach làn: *a fortnight after that, the moon is full*; bha iad airson 's gum biodh i an-còmhnaidh air Didòmhnaich: *they wanted it always to be on a Sunday*.

Puing-chànain na Litreach: a bhuineadh do dhà dhiofar 'sgoil': *that belonged to two different 'schools'*. Dà 'two' is lenited here following the preposition do. Diofar is lenited because it is commanded by the numeral dhà. Sgoil is in the dual case (with the same form as the singular) following the numeral dà.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha an co-dhùnadh a rinneadh ann an Whitby cudromach: *the conclusion that was made in Whitby was important*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA